STORYWORLDS

# An Seangan agus an Calman



Air ath-innse le Dee Reid • Dealbhan Robert McPhillips

# An Seangan agus an Calman



Air ath-innse le Dee Reid
Dealbhan Robert McPhillips
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Uair a bha siud
chaidh seangan beag gu abhainn.
"Tha mi airson coimhead air an
abhainn," thuirt e.



Chaidh e sìos, sìos, sìos.
Thuit e dhan abhainn agus
cha b’ urrainn dha tighinn às.



"Cuidich mi! Cuidich mi!" dh'èigh an seangan. "Dè nì mi?"



"Cuidich mi! Cuidich mi!" dh'èigh an seangan.
"Dè nì mi?"



Chunnaic calman an seangan anns an abhainn.
"Cuidichidh mise thu," thuirt e.
"Tha duilleag agam."



Chuir an calman an duilleag dhan abhainn.
“Leum air an duilleig,” thuirt e.



"Tapadh leat," thuirt an seangan.
'S e bàta beag a bha anns an duilleig.



Thuirt an seangan ris a' chalman,
"Cuidichidh mise thusa uaireigin."
Thuirt an calman ris an t-seangan,
"Tha thu ro bheag airson mise a chuideachadh."



Aon là chunnaic duine an calman.
Bha bogha agus saighead aig an duine.
"Gheibh mise thu," thuirt an duine.



Chunnaic an seangan an duine.
"A-nis cuidichidh mise an calman," thuirt e.
"Stadaidh mise an duine."
Agus stad an seangan an duine.



“Aobh! Aobh!” dh’èigh an duine.
Leum an duine suas agus sìos,
agus thuit an t-saighead dhan abhainn.



“Nach do chuidich mi thu a-nis?”
thuirt an seangan.
“Chuidich gu dearbh,” thuirt an calman.